

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

2020 | 6 | AM MÀRT



Facal Toisich

'S ann seachad air a' Chàisg agus sinne a' cur ri chèile na h-àireimh seo de *Na Duilleagan Gàidhlig* gus an cur mur coinneamh san Ògmhios. Ann an iomadh dòigh, 's e earrach àbhaisteach a th' ann; tha a' ghrian a' deàrr-sadh, na flùraichean a' fàs. Tha na tuinn a' bualadh air an tràigh. Thàinig a' chuthag. Ach, chan eil earrach mar seo air a bhith aig duine againn.

Ged a tha an saoghal caochlaideach cugallach agus sinn gun mòran eòlais air na bhios romhainn aig ceann na bliadhna, gun iomradh air ceann na seachdaineach, tha gach coltas ann gum bi samhradh mì-àb-haisteach mar an ceudna. Chan eil fios againne, mar luchd-deasachaidh nan duilleagan seo, air mar a bhios cùisean nuair a leughas sibh na tha sinne a' sgrìobhadh. Tha fhios, ge-tà, gum bi an tuilleadh bròin, caoidh agus eagail fhathast mar coinneamh mus tèid teanntachd a' choròna-bhriarais seachad.

Le cuid mhath dhen t-sluagh a-nis fo ghlas aig an taigh (agus dùil gun lean seo airson greis co-dhiù), tha an riaghaltas air soilleireachadh a thoirt dhuinn air cò iad na h-obraichean riatanach airson an dùthaich a chumail a' dol. Tha riatanas air na dotairean, nursaichean agus luchd-obrach nan seirbheisean èiginneach gun teagamh. Tha is air deagh chuid de na roinnean poblach. Tha luchd-obrach nam bùthan agus tha draibhearàn làraidh riatanach. Tha luchd-buana mheasan agus ghlasrach riatanach, seadh fù 's ro-riatanach.

Far an robh, gann mìos roimhe, cuid de na h-obraichean sin air am meas mar obraichean "gun sgil", tha iad a-nis air am meas mar obraichean riatanach. Seadh, a bheil sion cho riatanach nar saoghal ri cuideigin a tha a' toirt cùram agus gràdh dhan choimhearsnach? "Gràdhaichidh tu do choimhearsnach mar thu fhèin" mar a dh'àithn Dia. Sin agaibh àithn cho riatanach 's a th' ann airson an t-saoghail anns am bheil sinn beò. Aon rud a tha riatanach, gum bi sinn uile a' coimhead air an luchd-obrach seo le meas a-nis. Fad ùine fhada tha mòran air a bhith a' coimhead sìos orra, agus tha an dùthaich againn, agus na siostaman eacaoomaigeach againn, a bhith a' dèiligeadh riutha gu mì-chothromach. Gum biodh sinn ag ionnsachadh nas fheàrr bhon teanntachd anns a bheil sinn!

Tha gàbhaidh na bhiorais air soilleireachadh a thoirt thugainn air na tha riatanach nar beathannan. Ged nach eil sinn air a bhith a' tighinn cruinn nar n-eaglaisean cloiche fad nan seachdainean a dh'fhalbh, tha riatanas Dhè air fhoillseachadh às ùr. Tha cuid de na h-eaglaisean, mar eisimpleir, air ràdh gu bheil barrachd dhaoine a' frithealadh sheirbheisean air loidhne na bha roimhe. Tha fhios gu bheil daoine air an tàladh gu làthaireachd Dhè anns na h-amannan trioblaideach seo.

Tha sinn an dòchas gu bheil sibh uile, agus ur càirdean agus ur caraidean, slàn sàbhailte.

Gach uile beannachd
Donnchadh Sneddon, Dùn Èideann
Liam Alastair Crouse, Uibhist a Deas

Dealbh



© Creative Commons / Photographed by Morris R. MacIver 24 December 2005.

Seo Eaglais na h-Aoidhe, ann an Aiginis air an Rubha, Eilean Leòdhais. Bidh mòran eòlach air an làrach mar àite cudromach do dhualchas Criostail nan Eileanan Siar. Tha a' bheul-aithris ag innse gur b' e Naomh Catan a stèidhich a' chiad eaglais an seo mun 6mh no 7mh linn. Dh'fhàs an eaglais, a bh' air a coisrigeadh do Chalum Cille, gu bhith am measg nam prìomh làraichean Criostail anns na h-eileanan anns na meadhan-aoisean. A rèir aithris, dh'fhaodadh mu 18 cinn-fheadhna nan Leòdach a bhith air an adhlacaidh ann.

Bho chionn ghoirid, tha obair mhòr ga dèanamh gus an làrach a dhìon o bhleith na mara. Tha, cuideachd, làrach-lìn ùr ann mu Eaglais na h-Aoidhe a rinn an t-Urras a tha coimhead às a dèidh. Tha deagh fhiosrachadh oirre agus 's fhiach i sùil: <https://uichurch.co.uk>

Gàidhlig Shìmplidh

Tha sinn uile ann an suidheachadh doirbh, nach eil? Tha sinn air ar sgaradh o luchd ar gràidh agus, bidh sinn uile a' faireachdainn aonranach aig amannan. Tha mòran dhaoine gan cur fhèin ann an cunnart a h-uile latha ann an obair riatanach - dotairean agus nursaichean, luchd-obrach nam bùthan agus eile. Bu chòir dhuinn a bhith taingeil air an son, agus ag ùrnaigh gum bi iad slàn agus sàbhailte. Ma bhios thusa an sàs ann an obair riatanach sam bith, ar beannachd ort.

Tha sinn ag ùrnaigh gum bi sibh fhèin a' cumail sàbhailte, agus gum bi cothrom agaibh dol dhan eaglais a-rithist ann an àm nach bi ro fhada. Anns an eadar-àm, tha seirbheisean eaglaise rim faotainn air loidhne - agus tha cothroman ur cuid Gàidhlig a chleachdadh air loidhne cuideachd!

Anns an dealachadh, cuimhnichibh le misneachd na faclan aig Daibhidh:

*Seadh, fòs ged ghluaisinn eadhon trid
ghlinn dorcha sgàil' a' bhàis,
Aon olc no urchuid a theachd orm
chan eagal leam 's cha chàs';*

*Airson gu bheil thu leam a-ghnàth,
do lorg, 's do bhata treun,
Tha iad a' tabhairt comhfhurtachd
is fuasglaidh dhomh am fheum. (Salm 23: 4)*

Beagan taic:

luchd ar gràidh, *our loved ones*
aig amannan, *at times*
obair riatanach, *essential work*
bu chòir dhuinn, *we should*
anns an eadar-àm, *in the meantime*
rim faotainn, *available*
urchaid, (fem.) *evil, damage*
càs, (masc.) *difficulty, hardship*
lorg, (fem.) *staff*

An Eaglais air loidhne

Abair thusa gu bheil sinn a' fàs cleachdte ri Zoom agus Skype na làithean seo! Tha eaglaisean air feadh na dùthcha - seadh, air feadh an t-saoghail - a' cleachdadh teicneòlas ùr agus seirbheisean a libhrigeadh air loidhne, agus ùrnaighean agus adhradh fhoillseachadh. Tha sin a' tachairt ann an Gàidhlig an dà chuid gu nàiseanta agus gu h-ionadail.

- Tha Eaglais na h-Alba, còmhla ri eaglaisean eile, a' foillseachadh ùrnaigh gach seachdain fhad 's a tha èiginn a' choròna-bhiorais a' mairsinn. 'S e Gairm gu Ùrnaigh a th' ann an seo, a' toirt cuireadh do Chrìosdaidhean air feadh na h-Alba - agus thall thairis - gu bhith tighinn còmhla ann an ùrnaigh aig 7f gach Latha na Sàbaid. Foillsichear an ùrnaigh air làrach-lìn Eaglais na h-Alba, (churchofscotland.org.uk) gach Dihaoine, anns an dà chànan.
- Chaidh obair ùrachaidh a dhèanamh air làrach-lìn 'An Sgeul Mòr', a chuir Iain Urchardan air dòigh o chionn beagan

bhliadhnaichean. Gheibhear ann goireasan ann an Gàidhlig airson adhradh ann an eaglaisean agus aig an taigh, le ùrnaighean, laoidhean, goireasan chloinne agus ceanglaichean gu clàraidhean de sheirbheasan agus de shearmonan: ansgeulmor.co.uk

- Bidh an dà eaglais Ghàidhlig ann an Glaschu agus Dùn Èideann - Eaglais Ghàidhlig Chaluim Chille agus Eaglais nam Manach Liath - ag obair còmhla gus seirbheisean a chlàradh agus fhoillseachadh air loidhne. Tha na seirbheisean, le leughaidhean, searmonan agus seinn, rin lorg air highlandcathedral.org.uk/online-worship
- Bidh Eaglais na h-Alba Srath agus Slèite a' cur bhideothan air an t-sianal YouTube aca, nam measg tha bhideothan a rinn iad ann an "Sgoil Shàbaid air loidhne" (dà-chànanach): youtube.com/channel/UCCuhWrA4qhHbaD-orvyN1BA (no dèan lorg airson "StrathandSleat CoS")

Cuiribh fios thugainn ma tha an eaglais agaibh a' dèanamh rudan ùra air loidhne anns a' Ghàidhlig, agus foillsichidh sin an seo e.

Searmon Beag

Cha do thuig iad fhathast an Sgriobtar, gum feumadh esan èirigh o na mairbh. (Eòin 20: 9)

Tha mi cinnteach gu bheil sibh uile eòlach air an dàn ainmeil a sgrìobh Raibeart Burns: *Tae a Moose*, agus na bha aige ri ràdh ann mu dheidhinn nam planaichean a nì daoine, agus dè cho mì-sheasmhach 's a tha iad. Chuir Teàrlach MacPheadair cruth Gàidhlig air aig tòiseach an 20mh linn:

*'S lìonmhor iad, a luchag fhaoin,
tha a' toirt fa-near 'dol pràmh is claon;
's tric thèid rùintean luchaidh 's daoine'
'm mì-dhàn thaobh,
gun againn sion ach dragh is pian
an àite aoibh.*

Agus nach eil sinn a' faicinn an-diugh cho glic 's a bha Burns na latha? Tha atharraichean cho mòr air a bhith a' tighinn air a h-uile rud san t-saoghal a bha - nar sùilean - daingeann. Na planaichean agus clàran-ama a bha ann airson a h-uile rud eadar pàrlamaid agus ball-coise, bainnsean agus deuchainnean-sgoile, seirbheisean eaglaise agus Fèisean Mòra Dhùn Èideann, air a bhith air an sguabadh às, cha mhòr ann am priobadh na sùla. Mar sin, chan e cùis-iongantais a th' ann gu bheil daoine a' sireadh rudeigin a tha seasmhach, rudeigin a tha maireannach, earbsach. 'S e sin a tha againn ann am Facal Dhè - na facail a labhair e tro na Sgriobtairean agus a tha fhathast cho fìor an-diugh 's a bha iad riamh - *Tha facal Dhè beò is èifeachdach*, mar a tha sinn a' leughadh anns an litir gu na h-Eabhraich. Tha bunait ar creidimh ann am Facal Dhè, facal a tha na *lochran dar cois agus solas dar cheum*, mar a thuir an Salmadair.

Bha beatha, teagasg, bàs agus aiseirigh Chrìosd stèidhichte air Facal Dhè - agus, barrachd air sin, *'s e Am Facal fhèin a bh' ann an Ìosa*, mar a tha sinn a' leughadh aig tòiseach Soisgeul Eòin - *anns an toiseach bha am Facal, agus bha am Facal còmhla ri Dia, agus b' e am Facal Dia.*

B' e am Facal Dia, agus seo an aon Dia mar a thuir an Abstol Seumas, *anns nach eil fàradh no sgàil atharrachaidh*. Tha e uile-

gu-lèir seasmhach, uile-gu-lèir earbsach. Tha an fhìrinn seo ri lorg uair agus a-rithist anns na Sgrìobtairean: Tha e againn ann Leabhar nan Gnàth-Fhacail 18:10: *Is tùr làidir ainm an Tighearna: ruithidh am firean da ionnsaigh, agus bidh e tèarainte, no a-rithist ann an Salm 46: 'S e Dia as tèarmann dhuinn gu beachd, ar spionnadh e 's ar treis: An aimsir carraid agus teinn, ar cobhair e ro-dheas. Agus ceann an aon sailm, Bidh sàmhach, 's tuigibh gur mi Dia: àrdaichear mi gu sìor: Am measg nan sluagh, biodh urram dhomh, air feadh gach uile thìr.*

Seo na tha am Bioball ag ràdh mu dheidhinn Dhè, agus mar sin – los gur e *am Facal Dia*, tha e fìor mu na Sgrìobtairean mar an ceudna. Tha Dia earbsach, tha Fhacal earbsach, tha a gheallaidhean earbsach – ge b' e a tha a' tachairt, tha bunait sheasmhach againn.

Agus 's e sin a lorg Màiri Magdalen, Peadar agus Eòin – agus na deisciobail eile – air a' chiad Chàisg, nuair a lorg iad uaigh losa, agus i falamh. *Cha do thuig iad fhathast an Sgrìobtar*, tha e ag ràdh, ach thuig iad mean air mhean e, nuair a dhearbhadh losa fhèin dhaibh e, ann a bhith a' nochdadh an làthair, a' sealltainn dhaibh gun robh e beò a-rithist gu dèimhinne, gun d' èirich e a-rithist o na mairbh.

Agus mar sin, dhearbhadh e dhaibh – agus dhearbhadh e dhuinn, an-diugh, as dèidh dà mhìle bliadhna – gun robh, agus gu bheil, cumhachd aige a bha, agus a tha, nas treasa na cumhachd a' bhàis. Dhearbhadh e gun robh an cumhachd aige gar saoradh o ar peachdaidhean, agus beatha ùr a thoirt dhuinn. Anns a' bhuaidh sin, stèidhich e cùmhnant ùr, cùmhnant seasmhach agus earbsach, anns a bheil sinn a' fhaighinn, tro gràs Dhè – an gràs a tha e a' toirt dhuinn gu saor agus gu fial, ar saoranachd na Rìoghachd-sa, Rìoghachd air nach tig crìoch gu bràth, Rìoghachd nach bi air a crathadh le ùpraid, no galar air bith.

Mar a thòisich mi le pìos bàrdachd, leugh mi rann eile a-rithist anns an dealachadh. Seo rann a rinn Pàdrùig Grandd, anns an laoidh aige, "Gràdh m' fhir-shaoraidh":

*'S e gràdh m' Fhir-shaoraidh a bhitheas na ceòl dhomh,
'S ann air bu chòir dhomh bhi dèanamh sgeul;
On 's e thug còir dhomh, le fhuil dhòrtadh,
Air saorsa ghlòrmhor a chloinne fèin:
'S e siud an t-òran a bheir dhomh solas,
Cho fhad 's is beò mi sa chuinne-chè;
'S nuair a thèid mi dhachaigh, à gleann nan deòir seo,
's e siud mo cheòl anns an t-saoghal chèin.*

An Rabhadh

le Dòmhnall E. Meek

San t-saoghal bheag a th' againn,
tha 'n galar seo cho mòr,
a' cur a chuairt air thalamh,
a' leum gach crìoch mar spòrs.
Tha 'n saoghal mòr a bh' againn
fo smachd a' ghalair chrìon,
's gach deachdaire air thalamh
a' teicheadh airson dìon.

Gach curaidh mòr a bh' againn,
a-nis gun spionnadh ann
a smachdaicheas an galar,
's gach aon againn cho fann.

An armachd bheag a th' againn,
's ann tha a neart-se mòr -
gaol is gràdh gach caraid,
seach àrdan agus bòsd.

Na daoine tha nan gaisgich,
's iad luchd a' ghràidh gach aon,
gu coibhneil cur a' chatha
le claidheamh blàth a' ghaoil.

Air là a' chath' is math iad,
na càirdean thig nar feum,
na daoine chumas taic rinn
gun smuaint' ac' orra fhèin.

San t-saoghal ùr bhios againn,
's an galar air dol sìos,
gun tig ùr-thuigs' air thalamh
le carthannas is ciall!

Gun ghleus à tromp na gaisge
ga seinn le deachdair' faoin,
ach fonn a' ghaoil 's a' mhaithéis
a' sgapadh am measg dhaoin'!

San t-saoghal bheag a th' againn,
thug an galar rabhadh mòr,
is thoireamaid feart gach lath' air
gus slàinte thoirt dar seòrs'!

Naidheachd



An t-Urr. Dòmhnall Aonghas MacIllFhinnein

Bha sinn duilich an naidheachd a chluinntinn gun do chaochail an t-Urr. Dòmhnall Aonghas MacIllFhinnein ann an Inbhir Nis anns a' Ghearran. Rugadh "DA" anns na Hearadh, ach is ann an Ùige ann an Leòdhas a thòisich e a mhinistrealachd ann an 1975, anns an Eaglais Shaoir Chlèirich, mus deach e dhan Eilean Sgitheanach far an robh e na mhinistear ann an Srath is Slèite, Eaglais na h-Alba. Thill e a Leòdhas airson ministrealachd fhada agus bheannaichte ann an Ceann an Loch. Ghluais e agus Rachael a bhean gu Inbhis Nis as dèidh dha a dhreuchd a leigeil dheth, agus chum e air a' searmonachadh gu dìleas air a' Ghàidhealtachd ann an eaglaisean bàna, agus aig Seirbheis Ghàidhlig Inbhir Pheofharain. Thuir an t-Urr. Ùisdean Stiùbhairt gum bi duine a' cuimhneachadh air "mar dhuine a bha blàth, faisg agus gràdhach, agus mar shearmonaiche cumhachdach, a bha a' searmonachadh làn den Spioraid". Bidh sinn a' smaoinneachadh air agus ag ùrnaigh airson Rachael, agus airson a luchd-gràidh uile.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh, faodar post-d a chur gu sneddon.duncan@gmail.com.

Adhbhar Gàire

Latha bha seo timcheall air 1935 bha banais ann an Eaglais Naoimh Mhìcheil ann an Àird Choinnich, Uibhist a Deas. Bha feum air bus gus na daoine às a' Chinn a Deas a thoirt sìos dhan bhaile far an robh a' bhanais, sa cheann eile dhen eilean. Ged a bha bus ri fhaighinn, cha robh draibhear, agus am fear ud air ceann ghnothaichean eile an latha bha sin. Ach gu sealbhach, bha an gille aige, aois 11, saor gus làmh-chuideachaidh a thoirt seachad le bhith a' draibheadh a' bhus. Agus 's e sin a rinn e, gus am faca e am poileas a' feitheamh ris aig doras na h-eaglaise! Stad e am bus gu clis aig a' gheata agus leum e a-steach dhan eaglais.

Bha bràthair athair a' ghille ri làimh gus am bus a chur suas an rathad a-rithist, ach cha rachadh e nas fhaide na Dreumasdail far an robh e fuireach (agus bus làn de mhuintir a' Chinn a Deas fhathast gus faighinn dhachaigh air bòrd). Mar sin, siud an gille air ais air chùl na cuibhle, a' cur gach aon air ais dhan taigh aca agus a' falach a' bhus ann an Dalabrog. Nuair a dh'fhalbh am poileas seachad air, cha d' rinn e ach leum a-steach dhan bhus a-rithist airson a thoirt air ais dhachaigh!

Ged nach deach a ghlacadh a' draibheadh a' bhus e fhèin, thug am poileas gu Cùirt an t-Siorraim ann an Loch nam Madadh iad far an do

chum athair a-mach gun do dh'fhalbh an gille bochd leis a' bhus gun chead. Ach, a cheart cho math nach tàinig e am follais gun robh, aig aois 11, an gille air a bhith a' draibheadh fad dà na trì bhliadhnaichean mar-thà!

Mo thaing gu Aonghas MacFhionghain agus Frank McConnell airson cead an sgeul fhoillseachadh.

Ùrnaigh

A Thighearna, anns na làithean dorcha seo,
tha sinn ag ùrnaigh gun tabhair thu dhuinn do sholas.
Tha sinn ag ùrnaigh airson nan uile a tinn, gum
faigh iad slànachadh agus fois,
airson nan uile a tha ri obair riatanach, gum faigh
iad neart agus brosnachadh,
airson nan uile a tha fo bhròn, gum faigh iad
cofhurtachd,
agus airson nan uile a tha aonranach, gum faigh
iad companas.

Tha sinn ag ùrnaigh airson ar dùthcha agus airson
an t-saoghail,
gum faigh sinn seachad air a' ghalar seo,
agus gun togamaid rudan ùr bho na ionnsaich sinn,
le ùmhlachd agus le miann airson ceartas.

Gum biodh do làmh oirnn, gar dìon, gar
slànachadh, agus gar treòrachadh

Amen.